

Chaidh na cairtean seo a chruthachadh tro iomairt le Ealain ATLAS – Beatha air an Fhearann, anns an robh Sharon Quigley ag obair cuide ri feadhainn aig Craigard Day Centre gus air dualchas àraid croitearachd ann an Uibhist a Tuath.

Chaidh Cairtean-cluiche Dualchas Croitearachd a dhèanamh gus sgilean cànan a leasachadh agus gus aire a tharraing gu croitearachd.

Ionnsaich mu chroitearachd, cultar na Gàidhlig agus cluich!

Na Buidhnean

Gorm: Tìr agus Comharran-tìre.

Pinc: Sgeulachdan, uirsgeulan agus Ceòl.

Uaine: Beathaichean agus Lusan.

Òr: Uidheaman agus Rudan

Tha dà chairt riochdacaidd ann:

An Neo-aithnichte

Dealnach

Tog Mo Sheòl

Measgaich na cairtean do gach neach.

Tog na cairtean 's cuir an òrdugh buidhne iad.

Tagh buidheann gus cruinneachadh (faodaidh tu do roghainn atharrachadh).

Cuir cairt nach eil thu ag iarraidh, aghaidh sìos, dhan neach air do làimh chlì.

Tog a' chairt a thig thugad on neach ri do làimh cheairt.

Cùm a' dol gus am faigh thu seachd cairtean dhen aon bhuidhinn.

Buannaich an neach a gheibh na seachd cairtean 's a dh' èigheas "Tog mo sheòl!"

Fichead Ceist

Tagh cairt. Na seall i do dhuine sam bith!

Innis dha càch an e ainmhidh no lus no rud a th' ann.

Le cluicheadair ma seach thèid suas ri fichead ceist 's e/chan e a chur ort.

Leig le càch tomhas cò a' chairt a th' agad.

Taghaigh an neach a thomhaiseas gu ceart an ath chairt dhìomhair.

Bidh càch a-nise a' cur fichead ceist air an neach sin.

Innis Sgeulachd

Cuir na cairtean aghaidh sìos sa mheadhan.

Tionndaidhidh a' chiad neach a' chairt aig a' mhullach agus nì e seantans leis an fhacal.

Tionndaidhidh an ath neach an dàrna cairt agus nì e seantans eile leis a' chairt sin.

Cumaidh gach neach a' tionndaidh cairt eile gus seantans ùr a chur ris an sgeulachd.

Feuch dè cho fada 's a nì sibh an sgeulachd.